

Aithisg le Foghlam Alba a' dèiligeadh ri taobhan an fhoghlaim de mholadh le Comhairle Baile Ghlaschu bun-sgoil ùr Foghlam Meadhan Gàidhlig (FMG) fhosgladh air taobh iar-dheas a' bhaile agus sgìrean frithealaidh ùr a shuidheachadh airson clann aois bun-sgoile a tha a' frithealadh Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu agus Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail agus an sgoil ùr.

1. Ro-ràdh

1.1 Chaidh an aithisg seo bho Foghlam Alba ullachadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a rèir cumhan *Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010* agus nan atharrachaidhean ann an *Achd Clann agus Daoine Òga (Alba) 2014*. Is e adhbhar na h-aithisg beachdachadh neo-eisimeileach agus chothromach a dhèanamh air moladh Comhairle Baile Ghlaschu bun-sgoil ùr Foghlam Meadhan Gàidhlig (FMG) fhosgladh air taobh iar-dheas a' bhaile. Bhiodh seo a' gabhail a-steach a bhith a' suidheachadh sgìrean frithealaidh ùr airson clann aois bun-sgoile a tha a' frithealadh Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu agus Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail agus an sgoil ùr. Tha Earrann 2 den aithisg a' toirt iomradh goirid air a' phròiseas co-chomhairleachaidh. Tha Earrann 3 den aithisg a' cur an cèill beachdan Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air taobhan an fhoghlaim den mholadh, a' gabhail a-steach beachdan cudromach bho dhaoine a bha an sàs sa cho-chomhairleachadh. Tha Earrann 4 a' toirt geàrr-iomradh air beachd Luchd-sgrùdaidh na Banrigh san fharsaingeachd air a' mholadh. An uair a gheibh a' chomhairle an aithisg seo, tha an Achd a' cur riatanas air a' chomhairle beachdachadh oirre agus an uair sin aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach ullachadh. Bu chòir lethbhreac den aithisg seo a bhith mar phàirt den aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aig a' chomhairle agus bu chòir mìneachadh a bhith innte, ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh mun mholadh, mar a chaidh lèirmheas a dhèanamh air a' mholadh a chaidh a dhèanamh o thùs, a' gabhail a-steach geàrr-chunntas air na puingeann a chaidh a thogail tron phròiseas co-chomhairleachaidh agus an fhreagairt a thug a' chomhairle dhaibh. Feumaidh a' chomhairle an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach fhoillseachadh trì seachdainean mus tig iad chun a' cho-dhùnaidh dheireannaich. Far a bheil comhairle a' moladh sgoil a dhùnadh, feumaidh iad leantainn nan dleasan reachdail air fad a tha air an cur an cèill ann an Achd 2010, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt fios do Mhinistearan taobh a-staigh sia là obrach an dèidh dhaibh a thighinn chun a' cho-dhùnaidh dheireannaich agus feumaidh iad mìneachadh don fheadhainn a bha an sàs sa cho-chomhairleachadh an cothrom a tha aca riochdachaidhean a dhèanamh gu na Ministearan.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air:

- a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh air clann Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu agus Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail; luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann a dh'fhaodadh a bhith nan sgoilearan dà bhliadhna an dèidh dhan phàipear molaidh a bhith air fhoillseachadh; agus clann agus daoine òga eile ann an sgìre na comhairle;
- buaidh sam bith eile a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh;
- mar a tha a' chomhairle am beachd lùghdachadh no seachnadh droch bhuidh sam bith a dh'fhaodadh a bhith an lùib a' mholaidh; agus

- na buannachdan foghlaim a tha a' chomhairle dhan bheachd a thigeadh bho bhith a' cur a' mholaidh an cèill, agus na h-adhbharan a tha aig a' chomhairle a bhith a' tighinn chun nam beachdan sin.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, bha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh an sàs sna gnìomhan a leanas:

- fhrithheil iad coinneamhan poblach a chaidh an cumail air 20 Ògmhios 2017 agus 17 Lùnastal 2017 mu mholaidhean na comhairle;
- bheachdaich iad air na pàipearan air fad a thug a' chomhairle dhaibh mun mholadh, gu h-àraidh an aithris mu na buannachdan foghlaim agus pàipearan co-chomhairleachaidh buntainneach, tagraidhean sgrìobhte agus labhairteach bho phàrantan agus daoine eile;
- bheachdaich iad air tuilleadh riochdachadh a chaidh a dhèanamh gu dìreach gu Foghlam Alba a thaobh taobhan foghlaim iomchaidh den mholadh; agus
- thadhail iad air làraich Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu agus Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail, agus bhruidhinn iad ri luchd-comhairleachaidh iomchaidh. Thadhail Luchd-sgrùdaidh na Banrigh cuideachd air an làrach ùir a thathar a' moladh aig Bun-sgoil Bruaich Ghobhainn.

2. Am Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Ghabh Comhairle Baile Ghlaschu os làimh a cho-chomhairleachadh air a mholadh fo chumhan Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010 agus nan atharrachaidhean ann an Achd Clann agus Daoine Òga (Alba) 2014.

2.2 Bha an co-chomhairleachadh a' dol eadar 22 Cèitean 2017 agus 3 Sultain 2017. Rè an ama seo, chùim a' chomhairle coinneamhan poblach aig Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail agus aig an làrach ùir a thathar a' moladh aig Bun-sgoil Bhruaich Ghobhainn. Fhrithheil còrr air 100 neach-ùidh na coinneamhan agus daoine eile aig an robh ùidh sa chùis, is grunnan dhiubh a' dol gu barrachd air aon choinneamh. Bha fios air a thoirt mun cho-chomhairleachadh do luchd-co-chomhairleachaidh reachdail, a' gabhail a-steach pàrantan/luchd-cùraim, clann agus luchd-obrach nan sgoiltean air an robh seo a' toirt buaidh. Bha pàipearan co-chomhairleachaidh air am foillseachadh air làrach-lìn na comhairle agus bha pàipearan air an sgaoileadh air raon farsaing de luchd-ùidh agus buidhnean eile aig an robh ùidh sa chùis, a' gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig, mar cho-chomhairlichean reachdail, agus Comann nam Pàrant. Bha ullachaidhean freagarrach ann an àite gus cothrom a thoirt do dhaoine freagairt a chur chun a' mholaidh gu h-eileagtronaigeach agus ann an sgrìobhadh. Fhuair a' chomhairle còrr air 200 freagairt. Bha mòran de na freagairtean gu mòr airson an taobh den mholadh a bha a' cur ri solair FMG. Bha seo a' gabhail a-steach freagairt Bhòrd na Gàidhlig a tha a' toirt taic dhan mholadh. Ach, anns an fharsaingeachd bha a' mhòr chuid de na freagairtean an aghaidh a' mholaidh, le cuid iomagaineach mun làrach ùir a bhathar a' moladh agus mu sgìrean frithealaidh nan sgoiltean, a' gabhail a-steach ruigsinneachd a thaobh astar-siubhail agus an ùine a chuirear seachad ann an càr agus air còmhdhail poblach.

3. Taobhan Foghlaim a' Mholaidh

3.1 Tha am moladh seo a' gabhail a-steach a bhith a' stèidheachadh bun-sgoil ùr FMG, agus an sgìre frithealaidh a bhiodh na cois, air taobh iar-dheas Ghlaschu. Mar thoradh air sin, tha am moladh cuideachd a' mìneachadh nan sgìrean frithealaidh ùra a bhiodh an lùib an dà bhun-sgoil FMG a tha a-cheana sa bhaile. Tha an t-iarrtas airson FMG air meudachadh gu mòr thar nam beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad agus chan eil e comasach dhan dà sgoil FMG a tha ann a-cheana cumail orra a' meudachadh nan àireamhan a tha a' tighinn a-steach aig P1.

3.2 Tha an comas aig a' mholadh meudachadh gu mòr an àireamh a dh'fhaodadh FMG a fhrithealadh aig ìrean na bun-sgoile thar baile Ghlaschu agus ùghdachadh a dhèanamh air an dìth rùm a dh'fhaodadh a bhith ann no am bacadh air àiteachan a bhiodh ri fhaotainn san dà bhun-sgoil FMG a tha ann a-cheana. A thuilleadh air sin, bheireadh am moladh cothroman dhan àrd-sgoil FMG air àrainn Sràid Berkeley leudachadh a rèir a' mheudachaidh a thathar a' sùileachadh a thigeadh air àireamh nan sgoilearan aig ìre na h-àrd-sgoile. Mar thoradh air sin, bheireadh am moladh buannachdan foghlaim do chlann agus daoine òga a tha a' frithealadh sgoiltean FMG a tha ann a-cheana agus nas fharsaingeach air feadh an ùghdarras.

3.3 Cha mhòr nach tug na pàrantan agus an luchd-obrach air fad a choinnich ri Luchd-sgrùdaidh na Banrigh taic bharantaichte don mholadh chun na h-ìre gun robh e a' toirt an cothrom àrdachadh comas solair FMG ann an Glaschu. Thog an luchd-ùidh sin raon de dh'uallachaidhean reusanta, a' gabhail a-steach na feadhainn a tha air an ainmeachadh gu h-ìosal, mu chuid de thaobhan den mholadh. Ann a bhith a' toirt a' mholaidh air adhart, feumaidh a' chomhairle cumail oirre an sàs leis an luchd-ùidh agus feadhainn eile aig a bheil ùidh sa chùis gus taobhan den mholadh a shoilleireachadh agus gus dèiligeadh ris na h-uallachaidhean sin.

3.4 Tha iomagain air a' mhòr chuid den luchd-ùidh a choinnich ri Luchd-sgrùdaidh na Banrigh mun làrach a thathar a' moladh airson na sgoile ùire agus a sgìre frithealaidh. Tha mòran phàrantan, a' gabhail a-steach na feadhainn a tha a' fuireach air taobh tuath Abhainn Chluaidh, dhan bheachd nach eil an làrach a thathar a' moladh air taobh an iar-dheas a' bhaile freagarrach mar thoradh air an astar a tha e bho na dachaighean aca agus na duilgheadasan a bhiodh an lùib siubhal, gu h-àraidh aig amannan trang. Tha uallachaidhean air pàrantan mu cheanglaichean bus agus tha ceistean orra am biodh e comasach dhan chloinn aca siubhal chun na sgoile ann an àm reusanta. Thog grunn phàrantan an t-eagal a bha orra gun toireadh an làrach a bhathar a' moladh airson na sgoile droch bhuaidh air an dòigh anns am biodh e comasach do theaghlaichean bho air feadh sgìre frithealaidh na sgoile a bhith an sàs leis an sgoil ann an tachartasan an dèidh na sgoile agus tachartasan ionnsachaidh airson teaghlaichean.

3.5 Chuireadh pàrantan fàilte air barrachd soilleireachadh air dè d'ìreach a bheireadh an làrach a thathar a' moladh airson Bun-sgoil Bhruaich Ghobhainn seachad a thaobh tuilleadh rùm a thaobh FMG.

3.6 Chan eil am pàipear molaidh a' toirt fiosrachadh mionaideach gu leòr seachad mu shuidheachadh clann às an aon teaghlach a dh'fhaodadh a bhith a' frithealadh bun-sgoiltean eadar-dhealaichte mar thoradh air a' mholadh agus an t-atharrachadh

a thigeadh air sgìrean frithealaidh nan sgoiltean. Chaidh a' chùis seo a thogail aig coinneamhan poblach, agus a rèir nam freagairtean a chaidh a thoirt aig na coinneamhan sin, bu chòir dhan chomhairle dèanamh cinnteach gu bheil na pàrantan air fad soilleir mun dòigh anns an dèilig i ris a' chùis seo.

3.7 Bhruidhinn grunn luchd-ùidh a choinnich ri Luchd-sgrùdaidh na Banrigh gu cothromach mun dealas a thaobh FMG agus mun taic a bha iad a' toirt ann a bhith a' leudachadh an t-solair seo thar a' bhaile. Chuireadh an luchd-ùidh sin fàilte air molaidhean dhan t-seòrsa seo a bhith air an gabhail a-steach ann am plana soilleir, ro-innleachdail airson leudachadh solair seasmhach FMG thar an ùghdarras. Bu mhath leotha cumail a' dol ag obair leis a' chomhairle gus a bhith a' leasachadh agus a' co-roinn phlanaichean airson leudachadh solair FMG taobh a-staigh frèam-obrach a tha a' coinneachadh ri iarrtas phàrantan airson FMG.

4. Geàrr-iomradh

Tha am moladh aig Comhairle Baile Ghlaschu bun-sgoil ùr FMG fhosgladh a' toirt a chothruim an comas air FMG a leudachadh thar a' bhaile agus lùghdachadh a dhèanamh air mar a dh'fhaodadh an t-iarrtas a bhith nas motha na tha de dh'àiteachan san dà sgoil FMG a tha ann a-cheana. San fharsaingeachd, tha an comas aig a' mholadh buannachd foghlaim a thabhann don chloinn a tha an-dràsta a' dol dhan dà sgoil FMG a tha ann a-cheana agus an fheadhainn a tha air feadh a' bhaile. Cha mhòr nach eil an luchd-ùidh air fad a' toirt taic do leudachadh FMG thar a' bhaile. Ach tha uallaichean air a' mhòr chuid de luchd-ùidh mu thaobhan cudromach den mholadh. Tha iad sin a' gabhail a-steach suidheachadh agus ruigsinneachd na làraich ùir a thathar a' moladh agus na h-ullachaidhean a dhèanadh a' chomhairle airson clann bhon aon theaghlach, a dh'fhaodadh, mar thoradh air a' mholadh, a bhith air an cur gu bun-sgoiltean eadar-dhealaichte. Bu mhath le grunnan luchd-ùidh cuideachd barrachd tuigse a bhith aca mu phlanaichean ro-innleachdail na comhairle san fharsaingeachd airson FMG thar a' bhaile agus an comas a bharrachd a thigeadh mar thoradh air a' mholadh seo. Ann a bhith a' toirt a' mholaidh air adhart, bu chòir dhan chomhairle cur an cèill mar a dhèiligeadh i ris na h-uallachaidhean sin. Bu chòir dhan chomhairle leantainn air adhart a' conaltradh ris an àireamh mhath de luchd-ùidh dhealasach agus buidhnean eile le ùidh sa chùis ann a bhith a' planadh a comais airson FMG agus ann a bhith a' coinneachadh gu dòigheil ris an iarrtas a tha a' sìor fhàs airson FMG.

**Luchd-sgrùdaidh na Banrigh
Foghlam Alba
An t-Sultain 2017**